



Nàiseanta 4  
Sònrachadh Cùrsa



---

# Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd

## Nàiseanta 4

### Sònrachadh Cùrsa (C865 74)

#### Dligheach bhon Lùnastal 2013

A' chiad deasachadh: An Giblean 2012, dreach 1.0

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh, agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo luchdadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig: [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Thoir fa-near notaichean air atharraichean aig deireadh Sònrachadh a' Chùrsa seo airson mion-fhiosrachadh mu atharraichean bho dhreach nas tràithe (far a bheil seo iomchaidh)

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2026

# Geàrr-iomradh a' chùrsa

**Tìotal a' chùrsa:** Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd Nàiseanta 4

**SCQF:** ìre 4 (24 puingeann creideis SCQF)

**Còd a' chùrsa:** C865 74

## Aonadan Riatanach

**JNO6 Creideamh Cruinneil (Nàiseanta 4) 6 puingeann creideis SCQF**

**JS8V Moraltachd is Creideas (Nàiseanta 4) 6 puingeann creideis SCQF**

**JN5V Ceistean Creideimh is Feallsanachdail (Nàiseanta 4) 6 puingeann creideis SCQF**

## Aonad Luach-Leasaichte

**JE10 ECMF: Obair Shònraichte (Nàiseanta 4) 6 puingeann creideis SCQF**

Tha sia puingeann creideis SCQF anns a' Chùrsa seo airson measadh air luach-leasaichte anns an Aonad Luach-Leasaichte. Tha tuilleadh fiosrachaidh mun Aonad seo san earrainn air Measadh.

## Inntrigeadh air a mholadh

Tha e an urra ris an ionad fhèin co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh cò thèid a chlàradh airson a' chùrsa seo. Ach bhithte an dùil gum biodh luchd-ionnsachaidh air na sgilean, an t-eòlas agus an tuigse riatanach fhaighinn bho na teisteanasan a leanas no feadhainn cho-ionann, agus/no eòlas:

- Cùrsa Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd aig ìre Nàiseanta 3 no Aonadan buntainneach bhon Chùrsa

A thaobh ionnsachadh agus eòlas ro-làimh, dh'fhaodadh eòlasan agus builean buntainneach a bhith nam bunait iomchaidh airson an Cùrsa seo a dhèanamh cuideachd. Tha tuilleadh fiosrachaidh air eòlasan agus builean buntainneach air a thoirt seachad ann an Notaichean-taic a' Chùrsa

## Adhartas

Dh'fhaodadh an Cùrsa seo no na h-Aonadan aige a bhith nan slighe air adhart gu:

- ◆ Cùrsa Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd aig ìre Nàiseanta 5 no na h-Aonadan aige
- ◆ barrachd chothroman ionnsachaidh, cosnaidh agus/no trèanaidh

Tha tuilleadh mion-fhiosrachaidh anns an earrainn air Feallsanachd.

## **Co-ionannachd agus in-ghabhail**

Tha an Sònrachadh Cùrsa seo air a dhealbh gus dèanamh cinnteach nach eil bacaidhean neo-riatanach ann ro ionnsachadh no measadh. Bu chòir feumalachdan luchd-ionnsachaidh fa leth a thoirt fa-near nuair a thathar a' planadh eòlasan ionnsachaidh, a' taghadh dòighean measaidh no a' beachdachadh air fianais eile. Airson fiosrachadh a bharrachd, seall air *Notaichean-taic a' Chùrsa*

## Feallsanachd a' chùrsa

Bidh Cùrsaichean Nàiseanta a' togail air na luachan, adhbharan is prionnsapalan a gheibhear sa Churraicealam airson Sàr-mhathais. Tha iad a' toirt cothrom do dhaoine air sùbailteachd agus ùine airson ionnsachadh, tha iad a' cur cuideam air sgilean agus mar a chuireas oileanaich na dh'ionnsaicheas iad gu feum, agus tha cothroman ann leotha airson roghainnean agus a bhith a' freagairt air feumalachdan gach oileanaich fa leth.

Leis a' Chùrsa seo, agus na h-Aonadan a tha nam pàirt dheth, thathar a' cur cuideam air ionnsachadh is leasachadh sgilean agus air mar a nithear feum de na sgilean sin. Cleachdar dòighean-measaidh a tha freagarrach, èifeachdach agus sàr-mhath, gus an urrainn do luchd-ionnsachaidh soirbheachadh chun na h-ìre as motha as urrainn dhaibh.

Tha an Cùrsa seo a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh cumail orra a' faighinn agus a' leasachadh buadhan agus comasan nan ceithir raointean-comais, cho math ri sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh.

Bheir na Cùrsaichean gu lèir cothroman do luchd-ionnsachaidh farsaingeachd, dùbhlán agus cleachdadh a leasachadh, ach bidh fòcas agus cothromachd a' mheasaidh freagarrach airson an raoin cuspair.

## Dàimh eadar an Cùrsa agus luachan, adhbharan agus prionnsapalan Curraicealam airson Sàr-mhathais

Bidh an Cùrsa seo a' togail air foghlam creideimh is moraltachd; foghlam creideimh ann an sgoiltean Caitligeach; agus air prionnsapalan slàinte is sunnd agus air pàipearan ullachaidh. Bidh eòlasan is builean sna raointean sin dhen churraicealam am measg prìomh bhunaitean a' Chùrsa.

Tha an Cùrsa seo a' cur ris an tuigse a th' aig luchd-ionnsachaidh air a' chomann-shòisealta sa bheil iad a' fuireach is ag obair agus e a' toirt cothrom dhaibh ionnsachadh mu, agus bho, chreideas an cràbhach, seallaidhean neo-chreideimh, agus eòlas pearsanta.

Sa Chùrsa, thathar a' toirt cothrom do luchd-ionnsachaidh sgilean is eòlas a thogail sna ceithir raointean-comais. Nithear seo sa chùrsa tro na cothroman a gheibh luchd-ionnsachaidh gus cur ris an eòlas, an tuigse agus na sgilean aca, agus bidh iad a' cur ris an tuigse a th' aca air creideas an, luachan is dòighean-giùlain dhaoine, agus a' beachdachadh air mar as urrainn do dhaoine brìgh is adhbhar a lorg nam beatha tro chreideamh, moraltachd agus feallsanachd.

A thuilleadh air a bhith a' cur ri comasan dhaoine sna ceithir raointean-comais seo sa Churraicealam airson Sàr-mhathais, bidh an Cùrsa seo cuideachd a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh airson sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach a thogail. Tha iad sin a' gabhail a-steach litearrachd, ionnsachadh pearsanta, agus sgilean smaoineachaidh. Le bhith a' cur ris an tuigse a th' aig luchd-ionnsachaidh air agus an spèis a th' aca do bheachdan eadar-dhealaichte, faodaidh sin am brosnachadh gu bhith a' fàs nas cunntachail mar shaoranaich.

Leis a' Chùrsa seo tha cothroman aig luchd-ionnsachaidh luachan is creideas an thogail agus ionnsachadh mar a chuireas iad an cèill iad. Tro sin, 's urrainn do

luchd-ionnsachaidh co-dhùnaidhean moralta a dhèanamh le taic bho na dh'ionnsaicheas iad. Tha an Cùrsa a' brosnachadh luchd-ionnsachaidh gu bhith a' faighinn tuigse air, agus a' toirt spèis do, dhiofar chreideasan, luachan agus sheallaidhean, agus gu bhith a' cur nan luachan no nan creideasan aca an gnìomh ann an dòighean a bhios a chum maith dhaoine eile.

## **Adhbhar agus amasan a' Chùrsa**

'S e as adhbhar dhan Chùrsa seo eòlas is tuigse fhaighinn air cùisean creideimh, moralta agus feallsanachdail a bhios a' toirt buaidh air an t-saoghal san latha an-diugh. Bithear a' beachdachadh air cùisean bho sheallaidhean creideimh agus seallaidhean neo-chreideimh. Anns a' Chùrsa, bithear a' coimhead air na ceistean a dh'èireas agus air na fuasglaidhean, freagairtean no dòighean-beatha is dòighean-smaoineachaidh a thathar a' moladh an lùib nan diofar sheallaidhean. Bidh cothroman aig luchd-ionnsachaidh meòrachadh orra sin agus air an eòlas is na beachdan aca fhèin. Nì luchd-ionnsachaidh sin le bhith a' coileanadh aonadan a' chùrsa.

Sa Chùrsa seo, bidh aig luchd-ionnsachaidh ri ionnsachadh mu dhiofar nithean co-cheangailte ri creideamh cruinneil, tuigse fhaighinn air cùisean is ceistean moralta an latha an-diugh agus air na thathar a' dèanamh gus dèiligeadh riutha, agus ionnsachadh mu phrìomh chùisean co-cheangailte ri ceistean creideimh is feallsanachd.

Bidh cothrom aig luchd-ionnsachaidh sa Chùrsa tuigse fhaighinn air cùisean creideimh, moralta is feallsanachdail a tha a' buntainn ri saoghal an latha an-diugh. Togaidh luchd-ionnsachaidh sgilean a ghabhas cleachdadh ann an raointean ionnsachaidh eile agus a bhios feumail dhaibh nam beatha làitheil.

'S e prìomh amasan a' Chùrsa a thaobh na bhios luchd-ionnsachaidh ag ionnsachadh:

- ◆ gun urrainn dhaibh tuigse fhaighinn, agus beachdachadh, air ceistean creideimh, moralta agus feallsanachdail agus air buaidh nan ceistean sin
- ◆ gun tog iad diofar sgilean leithid a' dèanamh rannsachadh air is a' toirt cunntas air ceistean creideimh, moralta is feallsanachdail agus air fuasglaidhean is freagairtean dha na ceistean sin, a' dèanamh coimeas eadar nithean, agus gun urrainn dhaibh beachdan a chur an cèill às dèidh dhaibh reusanachadh a dhèanamh air cùisean
- ◆ gum bi eòlas is tuigse neo-thoinnte aca air creideasan, cleachdaidhean agus stòran co-cheangailte ri creideamhan an t-saoghail
- ◆ gum bi eòlas is tuigse neo-thoinnte aca air ceistean creideimh, moralta agus feallsanachdail agus air fuasglaidhean is freagairtean dha na ceistean sin

## **Fiosrachadh mu luchd-ionnsachaidh àbhaisteach a dhèanadh an Cùrsa**

Tha an Cùrsa seo freagarrach airson tòrr dhiofar luchd-ionnsachaidh, leithid luchd-ionnsachaidh a tha airson tuigse nas fheàrr fhaighinn air creideamh agus air an àite a th' aig creideamh sa chomann-shòisealta, an fheadhainn a tha airson barrachd ionnsachadh mu nòsan, creideasan is luachan a' chreideimh aca fhèin, agus an fheadhainn a tha airson a dhol an sàs ann an ionnsachadh nas spèisealta, foghlam adhartach, trèanadh no obair às dèidh dhaibh an Cùrsa seo a dhèanamh.

Tha e an urra ris an ionad fhèin co-dhùnadh a dhèanamh a thaobh cò thèid a chlàradh airson a' Chùrsa seo. Ge-tà, dh'fhaodadh e a bhith feumail do luchd-ionnsachaidh ma tha sgilean is eòlas aca mu thràth a tha iad air a thogail tro eòlasan is builean freagarrach a bha mar phàirt de dh'fhoghlam farsaing coitcheann a fhuair iad no de theisteanasan a rinn iad a bha ionann ris a' Chùrsa seo.

Bithear a' tabhainn Chùrsaichean is Aonadan airson Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd aig ìrean SCQF 3 gu 7. 'S urrainn do luchd-ionnsachaidh adhartas a dhèanamh tro na diofar ìrean de theisteanasan airson Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd.

Gheibhear teisteanas bhon Chùrsa seo a ghabhas cleachdadh mar theisteanas intrigidh airson chothroman ionnsachaidh no trèanaidh eile. Bidh an Cùrsa seo a' cuideachadh le bhith a' dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ionnsachaidh uidheamaichte airson diofar dhreuchdan is obraichean.

# Structar a' Chùrsa agus cumhachan coileanaidh

## Structar a' Chùrsa

Sa Chùrsa seo bidh luchd-ionnsachaidh a' togail diofar sgilean breithneachaidh (no cognatach). Thathar gam brosnachadh gu bhith ri ionnsachadh gnìomhach fhad 's a tha iad a' rannsachadh chuspairean no chùisean creideimh, moralta is feallsanachdail. Bidh aig luchd-ionnsachaidh ri eòlas is tuigse fhaighinn air cùisean agus an t-eòlas is tuigse sin a chleachdadh. Ionnsaichidh luchd-ionnsachaidh mar an chuireas iad beachdan an cèill agus bidh cothrom aca meòrachadh air a' chreideamh no na luachan pearsanta aca fhèin agus iad sin a chur an cèill. Sa Chùrsa, gheibh luchd-ionnsachaidh cothrom gus beachdachadh air barrachd air aon chreideamh agus bidh iad a' coimhead air na creideasan, luachan no beachdan co-cheangailte ris na creideamhan sin.

Nuair a nì iad an Cùrsa seo, bidh luchd-ionnsachaidh a' togail diofar sgilean cudromach is sgilean a ghabhas cleachdadh ann an suidheachaidhean eile, sgilean leithid: a' rannsachadh chuspairean no chùisean creideimh, moralta no feallsanachdail agus a' cur toraidhean an rannsachaidh aca an cèill; a' toirt cunntas is beachdan seachad air stòran co-cheangailte ri creideamhan an t-saoghail; a' toirt seachad beachdan air ceistean moralta an latha an-diugh às dèidh dhaibh reusanachadh a dhèanamh orra; agus a' toirt cunntas air ceistean creideimh, moralta agus feallsanachdail agus air fuasglaidhean is freagairtean dha na ceistean sin.

Bithear a' togail is a' leasachadh nan sgilean gu h-àrd agus gan cleachdadh an lùib diofar cho-theacsaichean creideimh, moralta is feallsanachdail sna h-aonadan gu h-ìosal. Tha gach aonad a' toirt chothroman do luchd-ionnsachaidh a bhith ag obair air sgilean sònraichte.

Tha ceithir aonadan riatanach sa Chùrsa, le Aonad Luach-Leasaichte nam measg. Tha sùbailteachd nach beag ann anns gach aonad a thaobh nan cuspairean air am faodar coimhead, agus le sin tha cothroman ann airson roghainnean agus a bhith a' freagairt air feumalachdan gach oileanaich fa leth.

Le aonadan, gheibhear mìneachadh air inbhean is slatan-tomhais airson measadh agus chan e prògraman ionnsachaidh is teagaisg a th' annta. 'S urrainnear an teagasg ann an diofar dhòighean.

## Creideamh Cruinneil (Nàiseanta 4)

San aonad seo, bidh luchd-ionnsachaidh a' togail sgilean a chleachdas iad gus cunntas is beachdan a thoirt seachad air brìgh is co-theacsa stòran a tha a' buntainn ris a' chreideamh air a bheil iad a' dèanamh sgrùdadh. Bidh iad a' togail eòlas is tuigse neo-thoinnte air a' bhuaidh a th' aig creideamh san latha an-diugh agus air cho cudromach 's a tha creideamh nar linn fhìn agus iad a' coimhead air prìomh chreideasan, cleachdaidhean is stòran co-cheangailte ri fear de na sia prìomh chreideamhan a gheibhear san t-saoghal (Budachd, Crìosdaidheachd, Hindeachd, Islam, Iùdhachd no Sìogachd) agus air a' bhuaidh a th' aca air beatha luchd-leanmhainn a' chreideimh.

### **Moraltachd is Creideasan (Nàiseanta 4)**

San aonad seo, bidh luchd-ionnsachaidh a' togail sgilean a chleachdas iad gus cunntas is beachdan a thoirt air ceistean moralta an latha an-diugh agus air fuasglaidhean is freagairtean dha na ceistean sin. Bidh iad a' togail eòlas is tuigse neo-thoinnte air ceistean moralta an latha an-diugh agus air fuasglaidhean is freagairtean creideimh is neo-chreideimh. Bidh sùbailteachd ann a thaobh cho-theacsaichean ionnsachaidh gus an urrainn do luchd-ionnsachaidh roghainnean a dhèanamh a fhreagras air na feumalachdan pearsanta aca fhèin. Nuair a thathar a' beachdachadh air seallaidhean creideimh, feumar coimhead air feadhainn bho fhear de na sia prìomh chreideamhan san t-saoghal (Budachd, Crìosdaidheachd, Hindeachd, Islam, Iùdhachd no Siogachd).

### **Ceistean Creideimh is Feallsanachdail (Nàiseanta 4)**

San aonad seo, bidh luchd-ionnsachaidh a' togail sgilean a chleachdas iad gus cunntas a thoirt air ceistean creideimh is feallsanachdail agus air na fuasglaidhean is freagairtean dha na ceistean sin. Bidh iad a' togail eòlas is tuigse neo-thoinnte orra sin. Bidh sùbailteachd ann a thaobh cho-theacsaichean ionnsachaidh gus an urrainn do luchd-ionnsachaidh roghainnean a dhèanamh a fhreagras air na feumalachdan pearsanta aca fhèin. Nuair a thathar a' beachdachadh air seallaidhean creideimh, feumar coimhead air feadhainn bho fhear de na sia prìomh chreideamhan san t-saoghal (Budachd, Crìosdaidheachd, Hindeachd, Islam, Iùdhachd no Siogachd).

### **Aonad Luach-Leasaichte: Obair Shònraichte airson Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd (Nàiseanta 4)**

San aonad seo, roghnaichidh luchd-ionnsachaidh cùis no cuspair air an dèan iad sgrùdadh pearsanta agus a tha a' buntainn ri co-theacsa creideimh, moralta no feallsanachd. Nì iad rannsachadh air a' chùis no cuspair a roghnaich iad agus bheir iad seachad na toraidhean rannsachaidh aca. Tron obair seo, bidh cothroman aca gus dearbhadh gu bheil iad air cur ris an eòlas is na sgilean aca no ri doimhneachd is meud an eòlais is nan sgilean aca fhad 's a tha iad a' togail air agus a' cleachdadh an eòlais is nan sgilean a thog iad ann an aonadan eile sa Chùrsa.

### **Riathanasan-coileanadh na duaise**

Gus Cùrsa Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd Nàiseanta 4 a choileanadh, feumaidh luchd-ionnsachaidh gach Aonad riathanach a choileanadh, 's nam measg an t-Aonad Luach-Leasaichte. Chithear na h-Aonadan riathanach anns an earrann Geàrr-iomradh a' Chùrsa.

Chan eil Cùrsaichean Nàiseanta 4 air an rangachadh.

## Sgilean, eòlas is tuigse

Faodar làn-fhiosrachaidh mu na sgilean, an eòlas agus an tuigse airson a' Chùrsa a thoirt seachad ann an sònrachadh an Aonaid Luach-Leasaichte. Tha tar-shealladh farsaing air na sgilean riatanach cuspair, an eòlas, agus an tuigse a thèid a mheasadh sa Chùrsa, anns an earrainn seo.

Tha seo a' gabhail a-steach:

- ◆ a' dèanamh rannsachadh air is feum de dh'fhiosrachadh gus toraidhean rannsachaidh a chur an cèill, ann an dòigh a tha stèidhichte air reusanachadh, mu phàirtean neo-thoinnte de chuspairean no cùisean creideimh, moralta no feallsanachdail agus bidh an neach-ionnsachaidh mar as trice a-mach air fiosrachadh firinneach
- ◆ a' toirt cunntas is beachdan seachad air brìgh is co-theacsa stòran a tha a' buntainn ri creideamhan an t-saoghail, ann an dòigh neo-thoinnte
- ◆ a' toirt bheachdan seachad air ceistean moralta an latha an-diugh agus air fuasglaidhean is freagairtean dha na ceistean sin, ann an dòigh neo-thoinnte
- ◆ a' toirt cunntas air ceistean creideimh is feallsanachdail agus air fuasglaidhean is freagairtean dha na ceistean sin, ann an dòigh neo-thoinnte
- ◆ eòlas is tuigse neo-thoinnte, stèidhichte air fiosrachadh fireannach, air a' bhuidhe a th' aig creideamh san latha an-diugh agus air cho cudromach 's a tha e nar linn fhìn tro bhith a' coimhead air cuid de na creideasan, cleachdaidhean is stòran co-cheangailte ri fear de na sia prìomh chreideamhan a gheibhear san t-saoghal (Budachd, Crìosdaidheachd, Hindeachd, Islam, Iùdhachd no Siogachd) agus air a' bhuidhe a th' aca air beatha luchd-leanmhainn a' chreideimh
- ◆ eòlas is tuigse neo-thoinnte air cùisean moralta an latha an-diugh agus air na thathar a' dèanamh gus dèiligeadh riutha
- ◆ eòlas is tuigse neo-thoinnte air ceistean creideimh is feallsanachdail agus air fuasglaidhean is freagairtean dha na ceistean sin

Tha na sgilean, eòlas is tuigse a tha mar phàirt dhen Chùrsa freagarrach airson ìre SCQF a' Chùrsa. Gheibhear tuilleadh fiosrachaidh ann am mìneachaidhean nan diofar ìrean SCQF air na feartan is ìrean coileanaidh ris a bheil dùil aig gach ìre SCQF, gheibhear iad sin air làrach-lìn an [SCQF](#).

## Measaidhean

Tha tuilleadh fiosrachaidh mu mheasadh airson a' Chùrsa ann an Notaichean-taic a' Chùrsa agus ann an sònrachadh an Aonaid Luach-Leasaichte.

### Measadh nan aonadan

Tha in-mheasadh ga dhèanamh air gach Aonad mu choinneamh nan cumhachan a chithear ann an Sònrachadh an Aonaid.

Faodar am measadh Aonad mu seach no le bhith a' cleachdadh dòighean-obrach eile le co-mheasadh.

Thèid am measadh soirbheachail/neo-shoirbheachail anns na h-ionadan ionnsachaidh fhèin. Nì SQA dearbhadh-càileachd mionaideach, a' gabhail a-steach dearbhadh taobh a-muigh, gus dèanamh cinnteach gu bheil am breithneachadh measaidh cunbhalach agus a rèir ìrean nàiseanta.

Thathar a' measadh aonadan a' Chùrsa seo a rèir nan slatan-tomhais a leanas:

### Creideamh Cruinneil (Nàiseanta 4)

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a thoirt seachad air na leanas:

- ◆ gun urrainn dhaibh cunntas is beachdan a thoirt seachad air brìgh is co-theacsa stòir co-cheangailte ris a' chreideamh mu bheil iad ag ionnsachadh agus air buaidh a' chreideimh sin air an luchd-leanmhainn aige, agus sin a dhèanamh ann an dòigh neo-thoinnte
- ◆ gu bheil eòlas is tuigse neo-thoinnte aca, stèidhichte air fiosrachadh firinneach, air a' bhuidhe a th' aig creideas, cleachdaidhean is stòran creideimh agus air cho cudromach 's a tha iad sin

### Moraltachd is Creideas (Nàiseanta 4)

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a thoirt seachad air na leanas:

- ◆ gun urrainn dhaibh beachdan neo-thoinnte a thoirt seachad air ceistean moralta an latha an-diugh agus air cuid de na neartan is laigsean a th' aig fuasglaidhean is freagairtean dha na ceistean sin
- ◆ gu bheil eòlas is tuigse neo-thoinnte aca, stèidhichte air fiosrachadh firinneach, air ceistean moralta an latha an-diugh agus air fuasglaidhean is freagairtean dha na ceistean sin

## **Ceistean Creideimh is Feallsanachdail (Nàiseanta 4)**

Bidh aig an neach-ionnsachaidh ri fianais a thoirt seachad air na leanas:

- ◆ gun urrainn dhaibh cunntas a thoirt air ceist chreideimh is fheallsanachdail agus air fuasglaidhean is freagairtean dhan cheist sin, agus sin a dhèanamh ann an dòigh neo-thoinnte
- ◆ gu bheil eòlas is tuigse neo-thoinnte aca air ceist chreideimh is fheallsanachdail, agus air fuasglaidhean is freagairtean dhi

## Aonad Luach Leasaichte

Tha measadh air luach-leasaichte ann an Cùrsaichean bho Nàiseanta 4 gu Àrd-ìre Adhartach. Aig Nàiseanta 4, thèid luach-leasaichte a mheasadh ann an Aonad Luach-Leasaichte. Dèiligidh an t-Aonad Luach-Leasaichte ri prìomh adhbharan agus amasan a' Chùrsa mar a tha iad gam mìneachadh ann am Feallsanachd a' Chùrsa. Nì e seo le bhith a' dèiligeadh ri aon no barrachd à farsaingeachd, dùbhlàn no cur an gnìomh. Sa chùrsa, Eòlas Creideimh, Moraltachd is Feallsanachd aig Nàiseanta 4, tha an t-aonad luach leasaichte a' cur cuideam air:

- ◆ dùbhlànachd
- ◆ cleachdadh

Bidh an neach-ionnsachaidh a' leudachadh air agus a' cleachdadh an eòlais agus/no nan sgilean a dh'ionnsaich iad sa chùrsa. Nithear measadh air sin ann an obair shònraichte far am bi luchd-ionnsachaidh a' rannsachadh agus a' toirt seachad toraidhean rannsachaidh mu chùis no cuspair a tha a' buntainn ri co-theacsaichean creideimh, moralta no feallsanachdail. Bidh an obair shònraichte fosgailte is sùbailte gu leòr gus am bi cothrom aig luchd-ionnsachaidh roghainnean pearsanta a dhèanamh a fhreagras orra fhèin.

# Sgilean ionnsachaidh, sgilean beatha agus sgilean obrach

Tha an Cùrsa seo a' cuideachadh luchd-ionnsachaidh gus sgilean farsaing, coitcheann a thogail. Tha na sgilean sin stèidhichte air Frèam Sgilean an SQA: Sgilean Ionnsachaidh, Sgilean Beatha agus Sgilean Obrach agus tha iad a' buntainn ris na prìomh raointean sgilean a leanas:

## **1 Litearrachd**

1.1 A' leughadh

## **3 Slàinte is sunnd**

3.1 Ionnsachadh pearsanta

## **4 Comasan cosnaidh, iomairt is saoranachd**

4.6 Saoranachd

## **5 Sgilean smaoineachaidh**

5.2 Tuigse

5.3 Comas cleachdaidh

Tha leudachadh air na sgilean seo ri fhaighinn ann an Fream Sgilean SQA: Sgilean airson Ionnsachadh, Sgilean airson Beatha agus Sgilean airson Obair. Bidh ìre nan sgilean sin freagarrach airson ìre a' Chùrsa. Tha tuilleadh fiosrachaidh mu bhith a' fighe a-steach sgilean airson ionnsachadh, sgilean airson beatha agus sgilean airson cosnadh airson a' Chùrsa ri fhaighinn ann an Notaichean-taic a' Chùrsa.

# Fiosrachadh rianachd

---

Foillsichte: An Giblean 2012 (dreach 1.0)

---

## Eachdraidh atharraichean ann an Sònrachadh a' Chùrsa Nàiseanta

Mion-fhiosrachadh a' Chùrsa	Dreach	Tuairisgeul atharrachaidh	Ùghdarraichte le	Deit

Faodar an sònrachadh seo ath-riochdachadh gu h-iomlan no ann am pàirt airson adhbharan foghlaim fhad 's nach fhaighear prothaid bhon ath-riochdachadh agus, ma thèid pàirt dheth ath-riochdachadh, gun tèid aithne a thoirt don tùs. Faodar lethbhreacan a bharrachd den t-Sònrachadh Cùrsa seo luchdadh a-nuas bho làrach-lìn SQA aig [www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk).

Thoir fa-near: Tha comhairle ga thoirt dhut sealltainn ri làrach-lìn SQA ([www.sqa.org.uk](http://www.sqa.org.uk)) gus dèanamh cinnteach gu bheil thu a' cleachdadh an dreach as ùire den t-Sònrachadh Cùrsa seo.

© Ùghdarras Theisteanas na h-Alba 2026